

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE AND WORK

AIREAMH 8 | 2012 | AN LUNASTAL



## Facal Toisich

Tha iomairt air töiseachadh air a bheil Slighe Chaluim Chille airson daoine a bhrosnachadh gu bhith a' coiseachd ann an cas-cheuman an teachdaire ainmeil sin ann an Eirinn agus ann an Alba. Tha iomadh làrach air feadh na Gàidhealtachd le ainm Chaluim Chille, lochan, cnuic, uamhan agus eile. Chan eil rian gun do thadhail Calum air a h-uile àite a tha air an ainmeachadh air, ach bhiodh cuid de na h-àiteachan air an coisrigeadh dhàsan airson urram a chur air agus airson a chuimhne a chumail beò.

Ach tha corra làrach ann agus tha dlùth cho-cheangal aca ri Calum Cille agus na companaich a thàinig 'na chuideachd à Eirinn. Nuair a bhios daoine a' cur cuairt air na h-àiteachan bidh iad a' faireachadh gu bheil iad 'nan seasamh far an do sheas na teachdairean a sgaoil naidheachd an t-Soisgeil am measg ar sinnsirean. Tha eilean beag aig a bheil ainm a tha fuaithe ri ar dualchas spioradail – I Chaluim Chille – agus mòran a thèid sgrìob ann bidh an t-eilean a' toirt buaidh orra. Tha iad a' faireachadh gu bheil spiorad Chaluim fhathast anns an àite.

Bidh e tric a' tachairt gur e luchd-turais à dùthchannan eile a bhios air an tarraing gu àiteachan aig a bheil ceangal ri eachdraidh na h-Eaglais Cheiltich. Ach tha fios gun dùisg Slighe Chaluim Chille ùidh am measg dhaoine a tha a' fuireach ann an Alba agus nach eil mothachail air na de dh' àiteachan eachdraidheil timcheall orra.

Le bhith a' coiseachd Slighe Chaluim Chille 's dòcha gun toir e air daoine beachdachadh air beatha spioradail nan creidmheach a bha beò anns na linntean sin, daoine a bha ag imeachd dlùth ri Dia 'nan obair làitheil, a bha a' faighinn seallaidh air Dia ann an rudan aimsireil agus a bha air an treòrachadh le spiorad na h-ùrnaigh. Air dhaibh a bhith marbh, tha iad fhathast a' labhairt.

**Leis na beannachdan,**  
**Ruairidh MacLeod**



Seo an eaglais air eilean Dhiùra far an robh an Soisgeul air a shearmonachadh o ghinealach gu ginealach bho chaidh an togalach phosgladh ann an 1777. An toiseach cha robh suidhechain anns an eaglais. Ann an 1842 chuir an t-uachdaran lobhta ris an eaglais, agus chithear sin chun an latha an-diugh, le seòmar uachdrach anns a bheil cruinneachadh miorbhaileach de dhealbhannan a bhuineas do dh'eachdraidh an eilein. B'ann an dèidh a' Cheud Chogaidh a chaidh an sgàil-thaigh air an làimh chli a thogail. Eaglais shimplidh a tha snasail grinn far am fairich luchadhraidh fois agus spioradalachd.

## Cùil Nan Ceist

A' coimhead a-mach air an uinneig chì mi ceò agus uisce. Chan fhaic mi taobh thall an loch leis cho dùmhail agus a tha a' cheò. Air a' mhìos seo 's e ceistean mu cheò (no deattach) às a' Bhìoball a tha sinn a' faighneachd. Tha na freagairtean air an duilleig-chùil.

1. Cò an duine cealgach air an do thuit ceò? (Gníomaran, caibideil 13.)
2. Lòn a' bheàrn seo: "Ach chaidh ceò suas on -----." (Genesis, caibideil 2.)
3. Dè na cuileagan a thàinig a-mach às an deataich? (Taisbeanadh, caibideil 9.)
4. Cò às an bi deattach nuair a bheanas an Tighearna riu? (Salm 144.)

# Searmon an Ard-sheanaidh – 2

Aig seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh am bliadhna shearmonaich an t-Urr. Coinneach Dòmhnullach, Ministear-cuideachaiddh ann an Glaschu, air briathran ann an Soisgeul Lùcais 22: 32. Seo an darna cuibhreann den t-searmon.

## “NEARTAICH DO BHRAITHREAN”

Tha Peadar gar gairm gu bhith a' smaoineachadh air bunaitean ar slàinte. Ach tha e cuideachd gar gairm gu bhith a' cuimhneachadh air **ceann-uidhe** ar slàinte. Bha na Crìosdaidhean a dh'ionnsaigh an robh Peadar a' sgriobhadh a' dol tro shuidhichidhean glè shàraichte 'nam beatha anns an t-saoghal seo, agus tha e fa-near dha a bhith gan neartachadh le bhith a' cur 'nan cuimhne gu bheil ceann-uidhe aoibhneach agus oighreachd ghlòrmhor a' feitheamh orra. A chionn 's gu bheil an Slànaighear air èirigh o na mairbh, tha Peadar ag ràdh gu bheil beò-dhòchas aca, gum faod iad a bhith làn-chinnteach gu bheil oighreachd a' feitheamh orra, agus gur e gnè na h-oighreachd sin gu bheil i neo-thruaillidh agus neo-shalach agus nach searg i às. Tha i uile-gu-lèir tèarainte bho nì sam bith a dhèanadh milleadh oirre. Ann an t-seagh sin, tha i tur eadar-dhealaichte bho oighreachd no sealbh sam bith a bhios aig daoine anns an t-saoghal seo. Tha na làithean anns a bheil sinne beò a' sior chur air shùilean dhuinn cho fann is cho faileasach 's a tha ionmhas aimsireil sam bith, agus chomhairlich Peadar dhuinn ar muinghinn a shocrachadh air saidhbhreas sìorraidh na h-oighreachd. Càite a bheil an oighreachd seo? Tha Peadar ag ràdh gu bheil i air a glèidheadh, air a cumail sàbhailte, anns na nèamhan. Agus a thuilleadh air sin, bidh oighreachan na h-oighreachd, sluagh a' chreidimh, air an cumail sàbhailte gus an ruig iad i. Tha Peadar ag ràdh: “Biodh dòchas diongmhalta agaibh às a' ghràs a bheirear dhuibh aig foillseachadh losa Crìosd”. Bithear uaireannan a' fanaid air daoine a tha “cho nèamhaidh 'nan inntinn 's nach eil feum air thalamh annnta”. Ach 's e a tha eachdraidh a' chinne-daonna a' teagasc dhuinn gur iad an fheadhainn as fheàrr a tha a' cumail an sùil air an oighreachd nèamhaidh as mò a dh'fheuchas ri feum a dhèanamh air an talamh. Ma tha e 'na mheadhan neartachaidh dhuinn a bhith a'

meòmrachadh air bunaitean ar slàinte, 's cinnteach gu bheil e cuideachd 'na mheadhan neartachaidh dhuinn a bhith a' cumail ar sùil 's ar n-inntinn air ceann-uidhe ar slàinte, a' suidheachadh ar n-aignidhean air na nithean a tha shuas.

Ach eadar toiseach is ceann-uidhe, tha slighe air am feum sinn triall, agus dh'iarradh Peadar oirnn ar n-aire a chumail air **turas na slàinte**. Chan eil Peadar a' cleith oirnn gum bi rudan cruidhe a' coinneachadh rinn air ar turas. Tha e a' gealltann gum bi **deuchainnean** a' coinneachadh rinn air ar turas. “Tha sibh a-nis, rè ùine bhig (mas feumail e) fo thùirse tre iomadh bliadhna.” Tha Peadar glè chinnteach nach eil an tùirse seo a thig an cois nam buairidhean idir a' faighinn làmh-an-uachdar air a' ghàirdeachas, am mòr-ghàirdeachas, a tha aig creidmhich 'nan slàinte. Agus carson nach eil? Dìreach a chionn 's gu bheil na buairidhean, na deuchainnean, feumail – tha iad buannachdail, tha iad a' dèanamh feum dhuinn. Ciamar? Ann a bhith a' dearbhadh ar creidimh, agus a' nochdad gur e fior chreideamh a tha ann. Tha Peadar ag ràdh gum bithear a' dearbhadh rudan prìseil, mar argead agus òr, le teine, gus nochdad gur e fior airgead agus òr a tha anna, le teine, gus nochdad gur e fior airgead agus fior òr a tha anna. Agus a chionn 's gu bheil ar creideamh ann an Crìosd fada nas luachmhoire na gin dhe na rudan eile, feumar a dhearbhadh gus am faicear e 'na mhaise air an latha dheireannach. Tha seo a' coinneachadh rinn uair is uair anns an Fhìrinn. Tha an sailmidh ag ràdh (Salm 66) “Dhearbh Thu sinn, a Dhè; ghlan Thu sinn anns an teine, mar a ghlanar airgead.” Tha an t-abstol Pòl ag ràdh: “Tha sinn a' dèanamh uaill ann an trioblaidean, do bhrìgh gu bheil fhios againn gun obrach trioblaidean foighidinn; agus foighidinn, dearbhadh; agus dearbhadh, dòchas”. Tha an t-Abstol Seumas ag ràdh: “Measaibh mar an uile ghàirdeachas nuair a thuiteas sibh ann an iomadh gnè dheuchainnean”. Ciamar as urrainn dhuinn sin a dhèanamh? “Air dhuibh fios a bhith agaibh gun obrach dearbhadh ur creidimh foighidinn.” Mar a bu mhath a bha fios aig Peadar, chan e socair no suain a tha ann an slighe na slàinte, agus tha feum againn uile a bhith air ar neartachadh airson an turais.

## Leabhraichean

Tha Kevin Byrne air a bhith a' fuireach ann an Colbhasaigh on bhliadhna 1978, agus anns an ùine sin tha e air mòran a dhèanamh as leth beatha agus beoshlaint an eilein. Ged nach buin e do dh'Eaglais na h-Alba, tha air a bhith bliadhnaagan mòra 'na chlèireach air an t-seisean. A bharrachd air sin, tha e air tòrr fiosrachaidh a chruinneachadh air eachdraidh agus air beul-aithris an eilein àlainn seo.

Air seacaid an leabhair tha comhairle air a toirt dhuinn a bhith a' leughadh caibideil den leabhar agus siubhal air na h-àiteachan air a bheil a' chaibideil a' toirt iomraidh an ath latha. Chan eil cothrom aig a h-uile duine tadhail air Colbhasaigh, ged a chòrdadh a' chuairt gu mòr riù nan dèanadh iad sin. Ach thèid aig an leughadair air sgrìob a chur air an eilean na mhac-meanmna le bhith a' leughadh an leabhair ionmholt seo. Aig toiseach an leabhair tha an t-ùghdar ag innse mu

**Lonely Colonsay – Island at the Edge**  
**Kevin Byrne**  
**(House of Lochar. £17.50)**

na lusan a tha a' fàs air an eilean agus mu na h-ainmhidhean a chìtheart ann.

An cois gach caibideil (tha deich dhiùbh ann), a tha a' roinn an eilein ann an earrainnean, tha mapaicheadh feumail ann. Chì sinn an t-àite far a bheil beul-aithris ag innse gun tàinig Calum Cille air tìr ann an Colbhasaigh. Rugadh Dòmhnull MacFhionghain, a' cheud phroifeasair Ceilteach ann an oilthaigh Albannach, air an eilean, agus chìtheart far an robh “an seann sgoil” air an do rinn MacFhionghain iomradh cho taitneach.

Tha eadar-theangachadh air na h-ainmeannan Gàidhlig a gheibhearr air feadh an leabhair. Ro-thric ann an leabhraichean den t-seòrsa seo bidh mineachadh annasach air cuid de na h-ainmeannan le daoine aig nach eil mòran eòlais air a' chànan an seo. Ach anns an leabhar seo tha an t-eadar-theangachadh pongail cothromach.


Ach ma tha an turas sin a' gealltainn dhearbhaidhean dhuinn, tha e cuideachd gar gairm gu **naomhachd**. Tha Peadar ga dhèanamh glè shoilleir anns an litir aige nach eil an gràs a tha gar slànochadh idir gar fàgail far an d'fhuair sinn e – tha e gar gairm gu naomhachd.

Tha e ag ràdh rinn: "Bithibh mar chloinn umhail, gun a bhith gur co-chumadh fhìn ris na h-ana-miannan a bha agaibh roimhe ann an àm ur n-aineolaist. Ach a rèir mar a tha Esan a ghairm sibh naomh, bitibh-se naomh mar an ceudna nur n-uile chaitheamh-beatha, do bhrigh gu bheil e sgrìobhte, Bithibh naomh, oir tha mise naomh." 'S dòcha gur e aon adhbhar, am measg tòrr eile, a tha a' fàgail na h-eaglais nar latha fhìn cho lag, gu bheil an gairm gu naomhachd air fàs gu math fann. Tha naomhachd a' cur urraim air an Tighearna a tha uile-gu-lèir naomh.

Agus bidh sinn fhìn air ar neartachadh air slighe na naomhachd ma chumas sinn beò annainn fhìn **spiorad an aithreachais**. Tha aithreachas daonna a' ciallachadh tilleadh bho shlighean seachranach a dh'ionnsaigh an Tighearna. "Bha sibh," tha Peadar ag ràdh, "mar chaoraich a' dol air seachran, ach thilleadh sibh a-nis a-chum Buachaille agus Easbaig ur n-anama." Ann an Taigh-tasgaidh ann an Kelvingrove ann an Glaschu, tha dealbh a rinn dealbhaiche Spàinneach anns an t-seachdamh linn deug – car mun àm a chaidh an eaglais seo a thogail. 'S e as ainm dhi "Peadar an Aithreachais". A bheil i a' sealltainn Pheadair a' gal gu goirt an oidhche a dh'aicheadh e a Mhaighistir? Chan eil idir. 'S e a tha i a' sealltainn ach Peadar 'na sheann aois – an fheusag air liathadh, agus an seann ghaisgeach a' dlùthachadh ri deireadh a thuras. Tha sinn gu sònraichte air ar glacadh le a shùilean. Tha iad a' coimhead suas, agus tha fhios again gur ann a chionn 's gun do lean spiorad an aithreachais ri Peadar fad a bheatha a bha air a chumail cho dlùtrh ri Crìosd, agus air a dhèanamh cho làidir 'na sheirbheis. Nach biadh an eaglais nar latha fhìn air a neartachadh gu mòr nan toireadh i am barrachd aire dha theachdaireachd is dha eisimpleir?

**(Gu mi-fhortanach chaith na ceithir faclan mu dheireadh air chall aig deireadh na ceud chuibrinn den t-searmon anns an iris mu dheireadh. Seo mar a bha i a' criochnachadh: bu chòir dha a bhith 'na neartachadh mòr dhuinn a bhith a' meòmrachadh, 's a' sior mheòmrachadh, air bunaitean a' chreidimh.)**

## Tòimhseachan Tarsaing



### Tarsaing

1. Cha bhristeal fear thri-dual dhiùbh gu h-obann – Ecclesiastes, caibideil 4. (4)
4. Rinn losa seo – Marcus 4. (4)
6. "---- a ----" – Eabhrachdich 11. (4, 5)
7. Cha tàinig losa airson seo a bhristeadh – Mata 5. (4)
9. "Na ---- air ais i" – Lùcas 6. (4)
10. Teachdaire aosmhòr, mar a bha Eli – 1 Sàmuil 2. (5, 4)
12. Mar a rinn na deisciobail leis an aran – Gniomharan 20. (4)
13. "Cha b'e mo ---- thug masladh dhomh" – Salm 55, ann am meadrachd. (4)

### Sìos

2. Cha robh seo aig na h-òighean amайдeach – Mata 25. (3)
3. Bha seo air an talamh on t-siathamh uair – Marcus 15. (9)
4. "----- an là" – loel 1. (3, 6)
5. Cha dèan e feum thu fhìn a nighe leis – Ieremiah 2. (5)
8. Tha dòchas mar seo – Eabhrachdich 6. (5)
11. "Na --- mo chrìdh', a Dhè" – Salm 141, ann am meadrachd. (3)

# Gàidhlig Shìmplidh

Ceannt-eagaisg airson a' mhios seo: "Air tròcairean an Tighearna gu bràth seinnidh mi." Sin mar a tha an naodhamh salm thar cheithir ficead a' fosgladh. (Salm 89:1) Tha e furasta a bhith toilichte taingeil nuair a tha rudan a' dol leinn. Ach nuair a tha rudan duilich a' tachairt nar beatha, chan eil sin cho furasta. Ach thubhairt an salmadair gum biadh e a' moladh Dhè aig a h-uile àm. Air làithean dorcha agus air làithean soilleir bha spiorad a' mholaidh aige. Sin mar a bha Pòl. Bhiodh e tric ag ràdh, "Buidheachas do Dha."

Air an t-samhradh seo bha a' mheanbh-chuileag glè thrang. Tha daoine ann agus cha tèid a' chuileag bheag seo faisg orra. Ach a' chuid mhòr de dhaoine, bidh iad air am biteadh. Carson a tha na meanbh-chuileagan ann? bidh feadhainn a' faighneachd. Dè an t-àite a tha aca ann an cruthachadh Dhè? Tha iad mar bhiadh don ghobhlan-gaoithe agus don ialtaig. Bidh iad ag ithe nam miltean dhiùbh gach latha. Tha feum air choireigin aig gach rud anns a' chruthachadh, na rudan beaga agus na rudan mòra. Chan eil tric a' tuigsinn carson a tha iad ann.

Seanfhacal airson a' mhios seo: "Cha dèanar math gun mhulad." (Good is not done without grief.) Tha gliocas anns na seannfaclan. Tha am Bioball ag iarradh oirnn math a dhèanamh do dhaoine eile. Ach bidh sin air uaireannan cosgail. Bidh daoine coibhneil agus chan fhaigh iad taing sam bith air a shon. Bidh daoine a' fulang airson daoine eile a chuideachadh. Fàgaidh iad iad fhèin gun mòran airgid agus iad a' fiachainn ri cobhair a thoirt do dhaoine bochda. Ach thubhairt Pòl, "Chan eil bhur saothair idir dìomhain anns an Tighearna." (1 Corintianaich 15:58)

Tha far-ainm aig iomadh eilean. Canaидh sinn "Eilean a' Cheò" ris an Eilean Sgitheanach. Bidh dhaone a' toirt "Eilean an Fhraoch" ri Leòdhas. Bidh "Tir a' Mhurain" againn air Uibhist. Ma tha sinn eòlach air na h-eileanan sin, bidh fios againn gu bheil na h-ainmeanan freagarrach. Chan eil duine a' fuireach an-diugh ann am Pabaigh na Hearadh. Bha boireannach a bha uaireigin a' fuireach ann am Pabaigh, agus 's e "Eilean nam Beannachd" a thug i air. Ged a bha i a-nis fada on eilean far an do rugadh i, bha cuimhne aice air na beannachdan a fhuair i ann, tìmeil agus spioradail.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.  
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

## Thall 's a-Bhos

### CEUD BLIADHNA

Tha dìreach ceud bliadhna air a' bhliadhna seo bho dh'fhosgladh eaglais Loch nam Madadh ann an Uibhist a Tuath. Air a' mhìos seo bidh coinneamhan sònraichte air an cumail airson a' chlach-mhìle seo ann an eachdraidh a' bhaile a chomharachadh. Bidh ministearan a bha uaireigin os cionn a' choitheanail, agus ministearan eile a bhuineas do Loch nam Madadh, a' gabhail compàirt ann an seirbheisean agus ann an cruinneachaidhean eile. Bha Loch nam Madadh mar phàirt de sgìre Thrumaisgearraigdh a chaith a chur air leth ann an 1829 nuair a thogadh eaglais "Phàrlamaid" ann an Trumaisgearraigdh. Bidh iomradh againn air eaglais Loch nam Madadh anns na mìosan air thoiseach.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air an duilleig-aghaidh mun iomradh a tha againn air ceò anns a' Bhìoball . 1. Elimas an draoidh. 2. ---talamh." 3. Lòcaist. 4. Na beanntan.

### RANN

*Guth losa chuala mi ag ràdh,  
"Is mise soills' an t-saogh'!;  
Seall orm, 's a' mhadainn dealraiddh ort,  
'S do là bidh geal a-chaoidh."  
Chum losa sheall mi agus fhuair  
Annsan mo reult 's mo ghrian;  
San t-solas għlan seo gluaisidh mi,  
Gu deireadh làith mo thriall.*

Seo an rann mu dheireadh anns an laoidh aig Horatius Bonar, *I heard the voice of Jesus say*. Rinneadh an t-eadar-theangachadh leis an Oll. Urr. Raibeart Blàrach. Rugadh esan ann an Dùn Obhainn ann an 1837, agus chaith àrach ann an Ile. Bha e an toiseach 'na mhinistear air Tairbeart Loch Fin, ann an Eaglais Chaluim Chille ann an Glaschu, ann an Camas nan Long, agus mu dheireadh ann an Dùn Eideann. Bha e an sàs gu mòr anns an eadar-theangachadh ùr den Bhìoball Ghàidhlig ann an 1902.

### AN TOIMHSEACHAN

**Tarsaing.** 1. Còrd. 4. Osna. 6. "Barr (a) bhata." 7. Lagh. 9. larr. 10. Fàidh sean. 12. Bris. 13. --- nàmh ---  
**Sios.** 2. Ola. 3. Dorchadas. 4. "Och airson---" 5. Nàtar. 8. Acair. 11. --- aom ----



Aig Coinneamh Ghàidhealach an Ard-sheanaidh anns a' Chèitean bha an t-Urr. Dòmhnull MacGuairé 'na fhear-labhairt. Chòrd an òraid mu na ceanglaichean spioradail a tha eadar an fhairge agus sluagh taobh an iar na Gàidhealtachd gu mòr ris an luchd-èisteachd. 'S dòcha gum faca an luchd-leughaidh mar a bha moladh ga dhèanamh air a' choinneimh anns na duilleagan Beurla aig *Life and Work*. Chòrd an t-seinn Ghàidhlig ris an sgrìobhaiche - bha Ruairidh Dòmhnullach a' togail an fhuinn agus leugh an t-Urr. Dòmhnull Iain Moireasdan na Sgriobtaran. Bha barrachd an làthair am bliadhna na chunnacas bho chionn greis, ged a bha feadhainn nach d'fhuair ann a chionn gu robh cuspairean cudthromach gan deasbad aig an Ard-sheanadh.

### ADHBHAR GAIRE

Anns na seann làithean bhiodh tughadh air mòran de na taighean anns am biodh coitheanalan ag adhradh. Ann an taigh-leughaidh ann an Ile bhiodh an t-uisge a' tighinn a-steach tron tughadh. Bha fear-togail an fhuinn a' dol a sheinn sareath ann an salm nuair a chunnaic e gu robh spot dubh air an duilleig a bha a' cur sgleò air na faclan. Chùm e roimhe agus sheinn e briathran nach do sgrìobh Daibhidh: *Tha snigh air an loidhn' s cha lèir dhomh e.*

## Urnaigh

Athair nan tràcair,  
glòir dhut gu bheil Thusa  
gràsmhor fad-fhoighidneach.  
Chan eil sinne airidh air do ghràdh  
oir tha sinn a' peacachadh nad aghaidh  
gach latha de ar beatha.  
Ach ann an Crìosd  
tha Thusa a' mathadh pheacadhean  
agus a' fosgladh dhuinn  
dòras dòchas.

Amen

An dealbh air an duilleig-aghaidh:  
Air a' mhìos seo tha eaglais Loch nam Madadh  
ceud bliadhna de dh'aois.  
Anns an dealbh chithear bàtaichean-iasgaich  
on chosta an ear  
aig cidhe Loch nam Madadh,  
sealladh a bhiodh 'na annas an-diugh.